



HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA

## CARRAIGHEAN CLÀRAICHTÈ NA H-ALBA



## Carraighean Clàraichte na h-Alba

Tha an leabhran seo a' mìneachadh dè tha e a' ciallachadh do neach aig a bheil sealbh air carragh nuair a tha i clàraichte agus ciamar a bhios sinn a' measadh làraichean is charraighean airson an clàradh.

Tha daoine air a bhith toirt buaidh air cruth àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson còrr is 10,000 bliadhna. Tha na ginealaichean a dh'fhalbh air an làrach fhèin fhàgail air cruth-tìre na h-Alba. Tha an ceangal làidir eadar sinn fhìn is àiteachan agus mar a tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu mòr ri ar cultar nam pàirt mòr de ar coimhearsnachdan agus gu dlùth-cheangailte ri cruth na tìre, agus tha na nithean sin a' cuideachadh le bhith togail deagh ìomhaigh airson na h-Alba air feadh an t-saoghail. Tha làraichean arc-eòlais is carraighean nam pàirt den fhèin-aithne nàiseanta againn.

Chaidh na ciad cheuman laghail san Rìoghachd Aonaichte gus ar n-àrainneachd thogte a dhìon a thoirt a-steach ann an 1882, cumhachan ris an canar clàradh san latha an-diugh. An-diugh, tha mu 8,000 carragh chlàraichte ann an Alba.

Le bhith a' clàradh làraichean is charraighean, thathar a' comharrachadh gu bheil iad cudromach gu nàiseanta. Tha sinn den bheachd gu bheil na pìosan fearainn seo am measg nan stòras as prìseile a th' againn ann an Alba.

Tha carraighean clàraichte a' toirt dhuinn fianais air eachdraidh na h-Alba. Tha iad air aon de na h-adhbharan a tha Alba cho math mar àite airson a bhith a' fuireach is ag obair ann, agus airson tadhal air. Tha caractar eachdraidheil ar n-àrainneachd cudromach do mhath ar beatha agus tha e gar cuideachadh le bhith tuigsinn cò sinn.

Tha na carraighean clàraichte a' gabhail a-steach farsaingeachd de structaran bho fheadhainn a chaidh a thogail o chionn còrr is 8,000 bliadhna gu feadhainn a chaidh a thogail aig àm an Dàrna Cogaidh, am measg na farsaingeachd structaran sin gheibhear tolmain thòrraidh ro-eachdraidheil, dùin Ròmanach, clachan snaidhte Crìosdail bho linn thràth agus structaran gus ar dìon bho ionnsaighean. Tha an dualchas ioma-sheòrsach is air leth seo a' toirt tuigse dhuinn air beatha agus bàs ar sinnsirean. Tha clàradh na mheadhan air aithne a thoirt dhan cheangal fhiosaigeach ris an eachdraidh againn, agus tha e a' cuideachadh le bhith ga dhìon airson nan ginealaichean ri teachd.

Tha àite cudromach aig na daoine, aig a bheil sealbh air na carraighean clàraichte, ann a bhith gleidheadh ar dualchais. 'S urrainn dhaibh cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig an ath ghinealach air na làraichean is structaran seo a tha cudromach gu nàiseanta.

**Còmhach:** Caisteal O'er: Dùn bho Linn an Iarrainn, Siorrachd Dhùn Phris © Coilltearachd is Fearann Alba le EM Photo

## Dè th' ann an clàradh?

'S e a th' ann an clàradh, an dòigh sa bheilear ag aithneachadh fon lagh gu bheil carragh no làrach arc-eòlais cudromach gu nàiseanta tro Achd nan Carraighean Àrsaidh agus Sgìrean Arc-eòlais 1979 [www.legislation.gov.uk/ukpga/1979/46](http://www.legislation.gov.uk/ukpga/1979/46).

Le bhith gan clàradh, tha e na amas làraichean is carraighean a ghleidheadh cho fad 's as urrainnear san staid anns a bheil iad an-diugh. Tha mu 8,000 carragh chlàraichte ann an Alba. 'S e a th' ann an carraighean clàraichte, làraich is structaran anns nach eil duine a' fuireach, a bhuineas ri linntean eachdraidheil bho o chionn 8,000 bliadhna gu àm an Dàrna Cogaidh. Tha iad a' gabhail a-steach farsaingeachd structaran leithid tolmain thòraidh ro-eachdraidheil, dùin Ròmanach, clachan snaidhte Crìosdail bho linn thràth agus làraichean seann chaistealan.

Ma tha sibh ag iarraidh atharraichean no obair a dhèanamh air carragh chlàraichte, dh'fhaodadh gum bi agaibh ri iarrtas a chur a-steach thugainn airson cead, cead ris an canar 'cead airson carragh chlàraichte' (faicibh taobhan-duilleig 17-18). Gus inbhe chlàraichte a chosnadh, feumaidh làrach no carragh a bhith cudromach gu nàiseanta. Bidh sinn a' measadh luach nàiseanta a rèir shlatan-tomhais sònraichte (faicibh duilleag 7).

**Gu h-ìosal:** Cridhe Luchd-siubhail Earra-Ghàidheal © Àrainneachd Eachdraidheil Alba



## A' measadh charraighean airson an clàradh

Nì sinn measadh air gach carragh a thaobh cho airidh 's a tha i air inbhe chlàraichte. Ma tha carragh gu bhith air a meas cudromach gu nàiseanta, feumaidh i a bhith cudromach aig ìre chultarach le luach innte a thaobh nan ealain, arc-eòlas, ailtearachd, eachdraidh, dualchas, bòidhchead, saidheans no cùisean sòisealta.

Tha am poileasaidh clàraidh is stiùireadh taghaidh againn a' mìneachadh mar a bhios sinn a' measadh àiteachan is làraichean airson clàradh. Rachaibh gu [historic environment.scot/designation-policy](https://www.environment.scot/designation-policy).

Bidh sinn a' measadh cudromachd chultarach fo na cinn a leanas:

- **Feartan bunaiteach**  
Mar a tha na tha air fhàgail de làrach no àite a' cur ris an eòlas againn air an àm a dh'fhalbh.
- **Feartan co-theacsail**  
Mar a tha làrach no àite co-cheangailte ris an àrainneachd anns a bheil i agus mar a tha i a' cur ris an eòlas a th' againn air an àm a dh'fhalbh.
- **Feartan co-cheangailte**  
Mar a tha làrach no àite co-cheangailte ri daoine, cleachdaidhean, tachartasan agus gluasadan eachdraidheil agus sòisealta.

Airson a bhith cudromach gu nàiseanta, feumaidh carragh a bhith co-dhiù na aon de na rudan a leanas:

- a. Tha i a' cur gu mòr ris an tuigse no meas againn air an àm a dh'fhalbh, no tha comas aice sin a dhèanamh. Dh'fhaodadh i e sin a dhèanamh leatha fhèin no mar eisimpleir de sheòrsa carraighean no mar bhuidheann cruinn-eòlach de charraighean co-cheangailte.
- b. Tha fuigheall structarail, ailtireil, sgeadachaidh fiosaigeach eile aice chun na h-ìre is gu bheil i a' cur gu mòr ris an tuigse no meas againn air an àm a dh'fhalbh. Dh'fhaodadh a' charragh a bhith seasmhach, no fianais a bhith ann air structaran arc-eòlais tìodhlaichte agus tasgaidhean, sgapadh de stuthan, no measgachadh dhiubh sin.
- c. Tha i na h-eisimpleir ainneamh de sheòrsa carraighean nuair a thèid a mheasadh a rèir eòlais air eachdraidh, arc-eòlas no ailtearachd na h-Alba agus den an sgìre anns a bheil a' charragh-cuimhne.
- d. Tha i na eisimpleir a tha gu sònraichte riochdachail de sheòrsa carraighean nuair a thèid a mheasadh a rèir eòlais air eachdraidh, arc-eòlas no ailtearachd na h-Alba agus den sgìre anns a bheil a' charragh-cuimhne.
- e. Tha comas rannsachaidh aice a dh'fhaodadh cur gu mòr ris an tuigse no meas againn air an àm a dh'fhalbh.
- f. Tha i a' cur gu mòr ris an t-sealladh-tìre agus ris an tuigse againn air an t-sealladh-tìre eachdraidheil. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach dàimh na carraighean ri carraighean eile no ri feartan nàdarra sa chruth-tìre, agus cho cudromach

's a tha an suidheachadh aice ann a bhith a' tuigsinn na carraigh no an t-seòrsa carraigh.

g. Tha ceanglaichean cudromach aice ri daoine, tachartasan, gluasadan agus/no cleachdaidhean eachdraidheil, traidiseanta, sòisealta no ealanta a tha cudromach gu nàiseanta.

Bidh sinn cuideachd a' beachdachadh air adhbhar agus buaidh clàradh, agus is dòcha nach bi clàradh daonnan iomchaidh ged a bhiodh làraichean a rèir nan slatan-tomhais.



<https://canmore.org.uk/collection/337010>

**Gu h-àrd:** Lagaidh Elphintone, Clach snaighte Chruithneach bho thràth sna meadhan aoisean, Siorrachd Obar Dheathain © Còir-lethbhreac a' Chrùin Àrainneachd Eachdraidheil Alba

## Molaidhean clàraidh is ath-sgrùdaidhean

Faodaidh neach sam bith iarraidh oirnn àite no làrach a chlàradh no iarraidh oirnn ath-sgrùdadh a dhèanamh air clàradh a th' ann mar-thà.

Faodaidh sibh seo a dhèanamh le bhith a' lìonadh an fhoirm iarrais againn. Gheibhear am foirm air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/designation-application](http://historicenvironment.scot/designation-application) no faodaidh sinn fear a chur thugaibh sa phost.

Bidh na measaidhean againn mar as trice a' gabhail a-steach rannsachadh, agus a bhith a' taghadh dè an inbhe clàraidh dualchais as fhreagarraiche airson na làraich a mhol sibh (faic taobh-duilleig 14 airson fiosrachadh mu na h-inbhean dualchais againn uile). Tha teansa ann gun tadhail sinn air an làrach cuideachd.

Ma tha sinn den bheachd gu bheil an làrach no àite a rèir nan slatan-tomhais airson clàradh, foillsichidh sinn aithisg air a' phortal air-loidhne againn le fiosrachadh mun cho-dhùnadh a tha sinn a' moladh aig [portal.historicenvironment.scot](http://portal.historicenvironment.scot). 'S e aithisg làimhseachaidh a chanar ri seo agus mar as trice bidh measadh air an làraich no àite na lùib.

Mar as trice nì sinn conaltradh leis an fheadhainn air an toir seo buaidh dhìreach, a' gabhail a-steach sealbhadair, neach-còmhnaidh no neach-gabhail cho math ris an ùghdarras dealbhadh, mus ainmich sinn làrach no mus atharraich sinn sònrachadh.

Mar as trice, bidh sinn a' cur fàilte air beachdan bho daoine no buidhnean aig a bheil ùidh sa chùis tron làraich-lìn againn.

Bidh sinn a' leantainn an aon phròiseas airson a bhith a' toirt air falbh clàraidhean a th' ann mar-thà.

Bidh sinn a' foillseachadh a' cho-dhùnaidh mu dheireadh againn agus an aithris làimhseachaidh mu dheireadh againn air a' phortal air-loidhne againn. Faicibh an làrach-lìn againn airson barrachd fiosrachaidh mu na h-inbhean seirbheis agus na clàraidhean-ama againn airson molaidhean clàraidh.

Ma tha thu nad shealbhadair no neach-còmhnaidh air an làraich, an dàrna cuid air an làraich air fad no air pàirt dhith, nì sinn oidhirpean reusanta gus innse dhuibh an deach a clàradh no an deach an clàradh atharrachadh.

Innsidh sinn dhan ùghdarras planaidh mu na h-atharraichean seo cuideachd.

## Ath-thagraidhean

Mas ann leibhse a tha an togalach, no ma tha sibh a' fuireach ann no nur neach-gabhail ann agus nach eil sibh ag aontachadh leis a' cho-dhùnaidh againn, faodaidh sibh ath-thagradh a dhèanamh fon lagh an aghaidh:

- clàradh ùr, agus
- atharrachadh air inbhe chlàraichte a bh' ann mu thràth (mar eisimpleir, ma thèid atharrachadh a dhèanamh air an raon a tha clàraichte no air ainm no tuairisgeul na carraigh clàraichte).

Feumaidh sibh an t-ath-thagradh agaibh a chur chun na Roinne airson Ath-thagraidhean Dealbhachaidh is Àrainneachd [scotland.gov.uk](http://scotland.gov.uk) within taobh a-staigh trì mìosan bhon cheann-latha air an litir a chuir sinn thugaibh ag innse dhuibh mun inbhe chlàraichte ùir no atharrachadh air inbhe chlàraichte. Faicibh ar làrach-lìn [historicalenvironment.scot/advice-and-support](http://historicalenvironment.scot/advice-and-support) airson barrachd fiosrachaidh mu ath-thagraidhean.

Ged nach eil còir laghail agaibh airson ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh mar a chaidh carragh a thoirt far na liosta no mar a chaidh carragh a dhiùltadh airson clàradh, bidh sinn toilichte sùil às ùr a thoirt air a' cho-dhùnadh againn ma gheibh sinn fiosrachadh buntainneach nach robh ann nuair a rinn sinn a' chiad cho-dhùnadh againn. Faodaidh sibh ath-sgrùdadh mar sin iarraidh le bhith lìonadh an fhoirm againn aig [historicalenvironment.scot/designation-application](http://historicalenvironment.scot/designation-application).

**Gu h-ìosal:** Sgana de phanail de dh'ealain-cloiche ann am Bealach Maol, Siorrachd Àir a Tuath © Coilltearachd is Fearann Alba le AOC Archaeology / Àrainneachd Eachdraidheil Alba



## Clàran nan carraighean clàraichte

Air an liosta-chlàraidh tha clàr ann airson gach carragh chlàraichte.

'S e sgrìobhainn laghail a tha seo, sa bheil dà phàirt: tuairisgeul de na tha clàraichte agus mapa a sheallas an raon a tha clàraichte.

Dh'fhaodte gum bi fiosrachadh eile na chois, leithid aithris air luach nàiseanta, gu h-àraidh ma chaidh an clàr a sgrìobhadh o chionn ghoirid. Tha an clàr ann gus daoine a chuideachadh le bhith a' tuigsinn carson a tha a' charragh cudromach. Faodaidh sibh na clàran a rannsachadh air-loidhne air an làraich-lìn againn aig [portal.historicenvironment.scot](http://portal.historicenvironment.scot) agus faodaidh sibh na sgrìobhainnean laghail agus fiosrachadh eile a gheibhear ann an clàran nan carraighean clàraichte a luchdachadh a-nuas.

Tha an dòigh sam bithear a' sealltainn agus a' sgrìobhadh chlàran airson charraighean clàraichte air atharrachadh gu mòr thar nam bliadhnaichean. Leis na ciad chlàran, bha iad buailteach a bhith gu math goirid agus dh'fhaodadh nach robh iad fiù 's ag innse carson a bha luach nàiseanta sa charraigh. Ri ùine thòisich iad a' toirt tuairisgeul nas mionaidiche air na carraighean ann an aithris ghoirid air luach nàiseanta na carraigh, ach cha robh mòran fiosrachaidh ann air mar a bhathar a' dèanamh measadh air carraighean. An-dràsta, bidh sinn a' toirt seachad tuairisgeul goirid air a' charraigh cho math ri mìneachadh nas mionaidiche air carson a tha a' charragh air a clàradh. Nuair a tha e freagarrach, dh'fhaodte gum faighear dealbhan-camara den charraigh cuideachd.

**Gu h-ìosal:** Stèisean sealg nam mucan-mara, Bun Abhainn Eadarra, na Hearadh, Na h-Eileanan Siar.  
© Còir-lethbhreac a' Chrùin © Àrainneachd Eachdraidheil Alba



<https://canmore.org.uk/collection/794241>





**Gu h-àrd:** Blocaichean dìona an aghaidh thancaichean bhon Dàrna Cogadh ann an Coille Losaidh, Siorrachd Obar Dheathain © Coilltearachd is Fearann Alba

## A' fuireach is ag obair far a bheil carragh chlàraichte

'S ann fo shealbh an neach leis a bheil i a tha carragh chlàraichte a dh'aindeoin inbhe chlàraichte.

Chan eil clàradh a' ciallachadh gu bheil còraichean a bharrachd aig daoine gus tadhal air làrach, agus chan eil e a' toirt cead sònraichte do dh'arc-eòlaichean a bhith ag obair ann. Ma tha arc-eòlaichean ag iarraidh cladhach a dhèanamh aig carragh chlàraichte, feumaidh iad cead fhaighinn bhon neach leis a bheil i no an neach a tha fuireach ann, agus feumaidh iad cead airson carragh chlàraichte fhaighinn.

Nuair a tha carragh clàraichte, bidh cead airson carragh chlàraichte a dhìth oirbh gus cuid a dh'obair a dhèanamh oirre, a' gabhail a-steach obair chàraidh. Feumaidh sibh iarrtas a chur thugainn ag iarraidh a' chead sin (chan eil cosgais ann). Bidh sinn cuideachd a' beachdachadh air iarrtasan airson cead lorg meatailt no mèinnirean. Tha seo a dhìth oirbh airson a bhith a' sgrùdadh le lorgaire-meatailt agus airson cuid a sgrùdaidhean geo-fiosaigeach air carraighean clàraichte.

Tha sinn a' brosnachadh dhaoine gu bhith gleidheadh is a' gabhail cùram de charraghean agus bheir sin comhairle an-asgaidh seachad air mar as fheàrr a ghabhas sin dèanamh agus bheir sinn stiùireadh dhuibh air an taic-airgid a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn. Faodaidh na daoine leis a bheil na carraighean no a tha fuireach annta no far a bheil iad comhairle iarraidh bhuainn uair sam bith.

Bidh sinn cuideachd a' tadhal air làraichean clàraichte agus na daoine leis a bheil iad gus sùil a chumail air staid nan làrach agus gus comhairle a thoirt seachad air mar a ghabhas a' charragh a ghleidheadh.

## Obair air carraighean clàraichte

Tha tòrr charraighean clàraichte seasmhach is ann an deagh staid agus cha bhi mòran obrach a dhìth orra, ach tha feadhainn ann a tha feumach air atharraichean sìmplidh gus dèanamh cinnteach gum mair iad. Le feadhainn eile, dh'fhaodadh gum bi obair nas motha a dhìth gus an gleidheadh, far am bi sgilean glèidhteachais sònraichte a dhìth.

Tha grunn ghnìomhan ann a dh'fhaodadh a bhith air am faicinn mar 'obair' air carraighean clàraichte, agus bidh cead airson carragh chlàraichte a dhìth airson obair mar sin. Faodaidh an obair sin a bhith gabhail a-steach:

- rud sam bith a nithear a bhios a' ciallachadh gun tèid a' charragh a leagail no a sgrios
- obair gus carragh a thoirt air falbh
- obair gus carragh a chàradh
- obair gus dèiligeadh ri tuiltean
- obair far a bheil stuthan gan copadh
- a' togail polytunnels
- a' cur chraobhan
- obair coilltearachd
- a' togail fheansaichean
- a' càradh dhrèanaichean, agus
- cladhach airson rannsachaidhean arc-eòlais.

Tha e furasta milleadh a dhèanamh air carragh gun a bhith ga chiallachadh. Mura h-eil sibh cinnteach a bheil cead a dhìth oirbh airson an t-seòrsa obrach gu h-àrd, iarraibh comhairle bhuaninn.

Tha cuid a sheòrsaichean obrach ann far nach eil cead airson carragh chlàraichte a dhìth oir tha iad air an ceadachadh fo chumhachan Òrdugh nan Carraighean Àrsaidh (Seòrsaichean Cheadan) (Alba) 1996 faicibh legislation.

[gov.uk/uksi/1996/1507/contents/made](http://gov.uk/uksi/1996/1507/contents/made). Mar eisimpleir, ma tha sgrìob fearainn ann a tha air a bhith air a treabhadh airson 10 bliadhna no barrachd, mar as trice cha bhi cead a dhìth oirbh gus cumail oirbh leis an treabhadh. Ge-tà, bidh cead a dhìth oirbh airson treabhadh domhainn no treabhadh far a bheilear a' gearradh a-staigh don fho-ùir.

Tha sinn ro thoilichte bruidhinn ribh mun obair a tha fa-near dhuibh mus cuir sibh a-steach airson cead. Cha bhi sinn ag iarraidh pàigheadh airson comhairle no cead. Le obair sam bith air carragh chlàraichte, bidh cead a dhìth bhon neach leis a bheil am fearann no an neach a tha fuireach ann, a bharrachd air cead bhuaninne. Mura h-eil sealbh agaibh air an fhearann, feumaidh sibh innse don neach leis a bheil e gu bheil sibh a' cur a-steach airson cead.

## Obair gun chead

'S e eucoir a th' ann ma nì sibh obair, no ma leigeas sibh le cuideigin eile obair a dhèanamh, air carragh chlàraichte gun chead.

Tha e na amas dhuinn obair còmhla ri sealbhadairean is daoine eile gus dèanamh cinnteach nach tèid obair gun chead a dhèanamh, ach ma thèid cumhachan na h-Achd a bhriseadh thèid againn air cumhachan laghail a chur an sàs. A rèir dè cho dona 's a bha bristeadh nan cumhachan, faodaidh sinn grunn rudan a dhèanamh, leithid litir-chomhairleachaidh a chur thugaibh no fios foirmeil a chur thugaibh ag innse gun tèid na cumhachan laghail a chur an sàs, no 's dòcha gun tèid fios a chur gu Neach-casaid a' Chrùin mun chùis.

## Mar a chuireas sibh a-steach airson cead airson carragh chlàraichte

Faodaidh sibh cur a-steach airson cead le bhith a' lionadh an fhoirm againn. Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh mu seo air an làraich-lìn againn [historicalenvironment.scot/advice-and-support](http://historicalenvironment.scot/advice-and-support).

Gu h-àbhaisteach, bheir e suas ri ochd seachdainean gus am pròiseas airson cheadan a chur an sàs. Tha sibh nas fheàrr bruidhinn rinn mun obair a tha sibh a' moladh mus cuir sibh iarrtas airson cead a-steach. Dh'fhaodadh gun tadhail sinn air an làraich gus ar cuideachadh le bhith a' dèanamh co-dhùnadh.

## Ag obair le lorgaire-meatailt aig carraighean clàraichte

Bidh sibh a' bristeadh an lagha ma chleachdas sibh lorgaire-meatailt aig carragh chlàraichte gun chead. Gheibhear foirmean iarrtais airson an t-seòrsa cead seo, ris an canar Cead Lorg Meatailt is Mèinnirean, air an làraich-lìn againn faicibh [historicensevironment.scot/advice-and-support](https://historicensevironment.scot/advice-and-support).

Mar as trice, iarraidh daoine cead bhon neach leis a bheil am fearann mus cleachd iad lorgaire-meatailt air, agus cha tèid iad faisg air làraichean a tha fo dhìon laghail agus cha dèan iad dad a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air àiteachan a tha so-leònte. Ma dh'iarras cuideigin cead bhuaibh gus lorgaire-meatailt a chleachdadh air làrach chlàraichte, bu chòir dhuibh innse dhaibh gur e làrach chlàraichte a th' ann agus gum feum iad cead fhaighinn bhuanne.

**Gu h-ìosal:** Eaglais Mhoire, Ach an Tòrr, Siorrachd Obar Dheathain © Còir-lethbhreac a' Chrùin Àrainneachd Eachdraidheil Alba



## Inbhean dualchais eile

Tha e cuideachd an urra rinne stòrais dhualchais eile a chomharrachadh.

Tha e an urra rinn togalaichean clàraichte, gàrraidhean is fearann dealbhaichte, agus raointean bhlàr eachdraidheil a chomharrachadh. Bidh sinn cuideachd a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' comharrachadh raointean mara tèarainte eachdraidheil. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn seo air an làraich-lìn againn.

Tha còrr is 600 raon glèidhteachais ann an Alba a tha air an comharrachadh le ùghdarrasan-planaidh. Feumaidh ùghdarrasan-planaidh co-dhùnadh a dhèanamh feuch dè na pàirtean den sgìre aca a tha cudromach a thaobh ailtearachd no eachdraidh, agus faodaidh iad an comharrachadh an uair sin mar raointean glèidhteachais. Mar as trice, thèid beachdan a' phobail a shireadh mu mholadh sam bith gus raon glèidhteachais a stèidheachadh no gus crìochan fear atharrachadh.

Thèid Làraichean Dualchais na Cruinne a chlàradh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair) mar àiteachan sa bheil luach air leth don chruinne air fad a thaobh cultair no dualchas nàdair [whc.unesco.org](http://whc.unesco.org).

Tha sia Làraichean Dualchais na Cruinne ann an Alba an-dràsta. Gheibhear fiosrachadh orra sin air an làraich-lìn againn [historicalenvironment.scot/world-heritage-sites](http://historicalenvironment.scot/world-heritage-sites).

Lorg fiosrachadh mu charraighean air an liosta-chlàraidh, agus inbhean-comharraichte eile agus ar co-dhùnaidhean

Faodaidh sibh prìomh-fhaclan no am mapa a chleachdadh gus lorg fhaighinn air na làraichean uile air an liosta-chlàraidh againn air a' phortal air-loidhne againn aig [portal.historicalenvironment.scot](http://portal.historicalenvironment.scot). Cuideachd, gheibh sibh fiosrachadh ann mu na co-dhùnaidhean a nì sinn a thaobh inbhean-comharraichte. Mura h-eil sibh cinnteach fhathast a bheil gus nach eil an làrach no a' charraigh agaibh clàraichte, faodaidh sibh post-d no fòn a chur thugainn. Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh air ar son aig deireadh an leabhraìn seo.

Cuideachd, gheibhear cothrom nithean a rannsachadh air mapa air an làraich-lìn aig Scotland's Environment, agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun àrainneachd an sin, mu rudan mar chrìochan nan sgìrean glèidhteachais [environment.gov.scot](http://environment.gov.scot).

## Fiosrachadh a bharrachd

Tha tuilleadh fiosrachadh mu bhith a' clàradh carragh air an làraich-lìn againn

[historicenvironment.scot/advice-and-support](http://historicenvironment.scot/advice-and-support).

### Taic Planaidh Alba

Tha Taic Planaidh Alba a' toirt comhairle seachad air planadh agus am pròiseas planaidh [pas.org.uk](http://pas.org.uk).

### Molaidhean agus gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan air ais mu chlàraidhean. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd oirre le bhith cur post-d gu [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot).

### Cead airson carragh chlàraichte

Feumaidh sibh iarrtas a chur thugainn airson cead airson carragh chlàraichte. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu sin air an làrach-lìn againn, a' gabhail a-steach Notaichean-stiùiridh airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean [historicenvironment.scot/advice-and-support](http://historicenvironment.scot/advice-and-support). Is urrainn dhuibh fòn a chur thugainn cuideachd gus comhairle fhaighinn air 0131 668 8716.

### A' ceannach no a' reic fearann no togalach far a bheil carragh chlàraichte mar phàirt dheth

Ma tha sibh a' reic fearann no togalach far a bheil carragh chlàraichte mar phàirt dheth, bhiodh e na chuideachadh nan innseadh sibh do neach sam bith a tha am beachd am fearann no an togalach a cheannach gu bheil carragh chlàraichte ann. Bidh sinn a' cumail clàr den fhios conaltraidh aig luchd-seilbh is luchd-còmhnaidh. Feuch an innis thu dhuinn mu atharrachaidhean ann an seilbh no ann an cò tha a' fuireach ann gus an urrainn dhuinn na clàran againn ùrachadh.

Ma tha sibh a' ceannach, faodaidh an neach-lagha agaibh faighinn a-mach a bheil carraig chlàraichte ann bho Chlàr nan Sèidhsin (Sasines) no Clàr an Fhearainn [ros.gov.uk](http://ros.gov.uk) ann an lorgan àbhaisteach cho math ri air ar portal air-loidhne aig portal. [historicenvironment.scot](http://historicenvironment.scot).

Tha grunn diofar thabhartasan agus sgeamaichean maoineachaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Faodaidh daoine fa leth agus buidhnean iarrtas a dhèanamh airson taic ionmhasail le pròiseactan agus obair a bheir deagh bhuidhe air an àrainneachd eachdraidheil. Airson barrachd fiosrachaidh mu na tabhartasan againn, faicibh an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/grants-and-funding](http://historicenvironment.scot/grants-and-funding).

### Seirbheisean arc-eòlais nan ùghdarrasan ionadail

Cuiribh fios chun an arc-eòlaiche no chun na seirbheis arc-eòlais aig an ùghdarras ionadail agaibh airson comhairle mu bhith a' cumail rian air leasachaidhean agus air a bhith coimhead às dèidh charraighean nach eil clàraichte. Air Fòram Clàran nan Làrach is nan Carraighean [smrforum-scotland.org.uk/her-contacts](http://smrforum-scotland.org.uk/her-contacts) gheibhear fiosrachadh conaltraidh airson seirbheisean arc-eòlais air feadh na h-Alba.

## Arc-eòlas Alba

'S e dòigh fìor mhath a th' anns an sgeama aig Arc-eòlas Alba, [Thoiribh Taic do Charragh](https://archaeologyscotland.org.uk/adopt-a-monument/) <https://archaeologyscotland.org.uk/adopt-a-monument/> gus cuideachadh le bhith a' gleidheadh an dualchais ionadail agaibh, a' gabhail a-steach carraighean clàraichte.

## Aonad nan Ulaidh

Cuir fios gu Aonad nan Ulaidh [treasuretrovescotland.co.uk](http://treasuretrovescotland.co.uk) gus clàradh gun do lorg thu rudeigin no gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun lagh air Aonad nan Ulaidhean.

## Molaidhean agus gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan air ais mu chlàraidhean. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd oirre le bhith cur post-d gu [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot).

## Laghan is poileasaidhean buntainneach

- Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979 [legislation.gov.uk/ukpga/1979/46](http://legislation.gov.uk/ukpga/1979/46).
- Poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil airson Alba [historicenvironment.scot/heps](http://historicenvironment.scot/heps).
- A' Cumail Rian air Atharraichean san Àrainneachd Eachdraidheil. Faicibh na nòtaichean-stiùiridh againn air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/managing-change-guidance-notes](http://historicenvironment.scot/managing-change-guidance-notes).

## Na foillseachaidhean againn

Tha grunn stuthan foillsichte againn mu bhith a' clàradh agus mu charrraighean clàraichte [historicenvironment.scot/publications](http://historicenvironment.scot/publications).

## Molaidhean agus gearanan

Tha sinn air a chur romhainn seirbheis sàr mhath a thoirt seachad

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan air ais mu chlàraidhean. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd oirre le bhith cur post-d gu [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot).

Tha sinn a' cur luach anns gach gearan a gheibh sinn agus cleachdaidh sinn am fiosrachadh a gheibhear tromhpa gus na seirbheisean againn a leasachadh.



Ma thèid rudeigin ceàrr no mura h-eil sibh toilichte le ar seirbheisean, feuch gun inns sibh dhuinn.

### Oifigear Ghearanan

Àrainneachd Eachdraidheil Alba  
Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann  
EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8600

Post-d: [complaints@hes.scot](mailto:complaints@hes.scot)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu dòigh-obrach nan gearanan air an [làraich-lìn](https://www.historicenvironment.scot/complaints) againn aig [historicenvironment.scot/complaints](https://www.historicenvironment.scot/complaints).

© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2019

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais v3.0 ach a-mhàin ma thèid an caochladh a ràdh.

Gus an cead seo fhaicinn, faicibh <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> no sgrìobhaibh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, Na Clàraidhean Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d gu: [psi@nationalarchives.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gov.uk)

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil an còir-lethbhreac sin.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba na Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) agus na Buidheann-charthannais Albannach chlàraichte (SC045925). 'S e fear de na dleastanasan againn a bhith cumail liosta-chlàraidh de charraighean-clàraichte na h-Alba.

Tha an leabhran seo a' mìneachadh na tha clàradh a' ciallachadh do neach-seilbh, is ciamar a bhios sinn a' measadh làraichean agus carraighean gus an clàradh. Tha e ri fhaighinn sa Bheurla cuideachd leis an tìotal Scotland's Scheduled Monuments.

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig:

Àrainneachd Eachdraidheil Alba  
Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann EH9 1SH

**Fòn:** +44 (0) 131 668 8600

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

'S urrainn dhuibh am foillseachadh seo a luchdadh a-nuas bhon làraich-lìn againn aig

[www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

**Àrainneachd Eachdraidheil Alba**

Clàraidhean Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann  
EH9 1SH

**Fòn:** 0131 668 8914

**Email:** [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot)

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

Ceann-latha foillseachaidh: 2019